

17 Sultain 2019

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Sa Chèitean 2019, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Sgoil a' Bhac agus Sgoil-àraich Loch a Tuath. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile agus na sgoil-àraich.

- Sna seòmaran-sgoile, seòmaran-cluiche agus nas fharsaing na sin, bha dàimhean deimhinneach, coibhneil agus taiceil eadar an luchd-obrach agus a' chlann. Tha seo a' cur ri faireachdainn làidir a bhith aig a' chloinn mun sgoil agus mun sgoil-àraich aca.
- Tha com-pàirtichean leithid pàrantan, a' choimhearsnachd, an eaglais, luchd-fastaidh agus buidhnean a' cur gu cudromach agus gu tarbhach ri sunnd, ionnsachadh agus coileanaidhean na cloinne.
- Tha a' chlann misneachail, pungail agus a' toirt taic do chàch a chèile gu math. Tha beachdan deimhinneach aca mun ionnsachadh. Tha an dòigh sa bheil an sgoil a' cuimseachadh air a' Ghàidhlig a' cuideachadh na cloinne gu bhith dà-chànanach agus tha iad a' tuigsinn luach a' chànanais a thaobh an amasan airson an ama ri teachd.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Leantainn air adhart a' leudachadh agus a' leasachadh ceannardas ro-innleachdail a thaobh atharrachadh agus leasachadh gus gach taobh de Sgoil a' Bhac agus Sgoil-àraich Loch a Tuath a ghabhail a-steach. Bu chòir dhan seo stiùir agus cùrsa a thoirt do bhith a' coileanadh bhuilean aig deagh astar don chloinn.
- Tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air a' churraicealam gus am bi a' chlann a' togail gu h-ìomchaidh air an eòlas, an sgilean agus an tuigse, agus a' ruighinn an làn chomais. Tha àrd phrìomhachas air a thoirt do bhith a' leasachadh prògram airson slàinte agus sunnd, agus air sgrìobhadh sa Ghàidhlig.
- Togail air a' chleachdadh as èifeachdaich ann an ionnsachadh, teagasg, bogadh agus measadh gus seo fhighe a-steach mar chleachdadh cunbhalach dhan chloinn air fad. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach àrd-shealladh ro-innleachdail a bhith ann air dè cho math 's a tha measadh agus cuimseachd a' toirt fianais air coileanadh gach ìre den Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir chomharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Sgoil a' Bhac agus Sgoil-àraich Loch a Tuath

Comharran càileachd ìrean bun-sgoile	Measadh
Stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagra) . Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd a' chlas-àraich	Measadh
Stiùireadh atharrachadh	lag
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	riarachail
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia-puing	

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidich, ainmichte mar Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

[https://education.gov.scot/inspection-reports/eilean-siar-\(western-isles\)/6232531](https://education.gov.scot/inspection-reports/eilean-siar-(western-isles)/6232531)

Seo luachaidhean Coimisean a' Chùraim airson a' chlas-àraich

Luachadh Coimisean a' Chùraim	Luachadh
Càileachd a' chùraim agus an taic	iomchaidh
Càileachd an luchd-obrach	iomchaidh

Riatanasan/molaidhean a rinneadh le Coimisean a' Chùraim airson a' chlas-àraich

An uair a chaidh an sgrùdadh mu dheireadh a dhèanamh le Coimisean a' Chùraim, cha robh riathanas no molaidhean aig an t-suidheachadh. Mar thoradh air an sgrùdadh seo, chan eil riathanasan ann agus tha dà mholadh ann.

Molaidhean

- Bu chòir tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air planaichean pearsanta chloinne gus dèanamh cinnteach gu bheil taghaidhean pearsanta chloinne agus na nithean as toigh leotha agus nach toigh leotha air an clàradh. Bu chòir cumail a' dol leis an fhiosrachadh làithreach mu ghnàth-chùrsa na cloinne. Bu chòir do luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil sgrùdaidhean le adhbharan fa leth airson gach leanabh, agus ath cheumannan a tha air an comharrachadh gu soilleir, air an clàradh airson gach leanabh. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil sgrùdaidhean luatha fa leth air an coileanadh, agus ath cheumannan a tha air an comharrachadh gu soilleir air an coileanadh, far a bheil sin iomchaidh. Bheir seo fiosrachadh soilleir mu ionnsachadh gach leanabh fa leth agus bheir e taic do phrìomh neach-obrach gach leanabh gus a bhith a' comharrachadh ath cheumannan fa leth ann an ionnsachadh airson gach leanabh sa bhuidhinn aca. Bu chòir planaichean pearsanta gach leanabh a bhith air an lèirmheas a h-uile sia mìosan, no mar a bhios feuman na cloinne ag atharrachadh.

Inbhean Slàinte agus Cùraim Shòisealta:

1.14 – ‘Bidh na feuman cùraim agus taic agam san àm ri teachd air an ro-aithneachadh mar phàirt den mheasadh agam.’

1.15 – ‘Tha mo phlana pearsanta (uaireannan air ainmeachadh mar phlana cùraim) ceart air mo shon-sa oir tha e a' cur an cèill mar a thèid coinneachadh ris na feumalachdan agam, cho math ri mo rùintean agus mo roghainnean.’

Bu chòir dhan t-seirbheis modhan-obrach chungaidhean-leigheis na seirbheis ath-sgrùdadh, ùrachadh agus a bhuileachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad sin a' cur an cèill an stiùiridh as fheàrr. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach:

- Clàradh fiosrachadh soilleir mu shuidheachaidhean meidigeach chloinne agus mar a bu chòir cungaidhean-leigheis a bhith air an toirt seachad. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach triogairean, soidhnichean, comharran agus gnìomhan a dh'fheumas luchd-obrach a ghabhail.

- Comharrachadh mar a bhios fiosrachadh air a cho-roinn le pàrantan/luchd-cùraim an uair a bhios cungaidh-leigheis air a libhrigeadh.
- Dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' clàradh gu luath fiosrachadh mu chungaidh-leigheis sam bith a bhios iad a' toirt seachad.
- Dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' daingneachadh an dòs de chungaidh-leigheis le pàrantan/luchd-cùraim, far a bheil seo eadar-dhealaichte bho na stiùiridhean.

Inbhean Slàinte agus Cùraim Shòisealta:

4.14 – ‘Tha mo chùram agus taic air a thoirt seachad ann an dòigh a tha air a phlanadh agus sàbhailte, a’ gabhail a-steach suidheachadh èiginn no tachartas ris nach robh dùil.’

1.24 – Tha leigheas no eadar-theachd sam bith a tha mi a’ fiosrachadh, sàbhailte agus èifeachdach.’

Dè thachras a-nis?

Mar thoradh air na chaidh fhaighinn a-mach ri linn ar sgrùdaidh tha sinn dhen bheachd gu bheil feum aig an sgoil air taic a bharrachd agus tuilleadh ùine gus na leasachaidhean riatanach a dhèanamh. Obraichidh sinn le Comhairle nan Eilean Siar mu chomas na sgoile a thighinn air adhart. Tillidh sinn air ais gus sgrùdadh eile a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh bliadhna an dèidh dhan litir seo a bhith air a foillseachadh. Bruidhnidh sinn ri Comhairle nan Eilean Siar mu mhion-fhiosrachadh an sgrùdaidh seo. An uair a thilleas sinn gus sgrùdadh a dhèanamh air an sgoil, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim ag innse dhuibh mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh.

Joan Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh